

PLANA: AM BLITZ - HENRY MOORE



Tha cothrom agam raon farsaing de mheadhanan agus de theicneòlasan a thaghadh agus fheuchainn a mach airson ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh, gan coimeas ri chèile agus gan cur còmhla airson ghnìomhan sònraichte. **EXA 2-02a**

Is urrainn dhomh obair a chruthachadh is a thaisbeanadh a' sealltainn mar a tha mo sgil a' fàs a thaobh a bhith a' cleachdadh nan eileamaidean agus nam bun-bheachdan lèirsinneach. **EXA 2-03a**

Tro amharc agus clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh thar a' churraicealaim, is urrainn dhomh ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh a tha a' sealltainn gu bheil mi a' mothachadh do rudan gu mionaideach. **EXA 2-04**

Is urrainn dhomh beachd a thoirt air obair luchd-ealain agus luchd-dealbhadh le bhith a' bruidhinn mu mo smuaintean agus m' fhaireachdainn. Is urrainn dhomh beachdan cuideachail a ghabhail agus a thoirt seachad air m' obair fhìn agus air obair dhaoine eile. **EXA 2-07a**



Ceangalan eadar-chuspaireil

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil. **SOC 2-06a**



Co-theacsa, Goireasan agus Gnìomhan Ìomhaighean Henry Moore

Cleachd Eighteen Ideas for War Drawings le Henry Moore gus aire nan sgoilearan a tharraing gu stoidhle an neach-ealain seo.

Chleachd e creidhean dathach, dath tana uisge-dhath, peann agus inc gus ìomhaighean làidir a tharraing de dh'itealain-cogaidh, spreadhadh, sloc-boma, togalaichean nan smàl agus solas-siridh a' lasadh an adhair air an oidhche.

Cuir pàipear dubh agus raon den t-seòrsa mheadhanan a chleachd an neach-ealain a-mach air bùird, le eisimpleirean de na dealbhan gus am bi iad air beulaibh na sgoilearan.

Cuir na sgoilearan ann am buidheannan agus thoir tìde dhaibh a dhol timcheall nam bùird gus bruidhinn mu na dealbhan agus gus cothrom a thoirt dhaibh dealbh a dhèanamh ann an stoidhle Henry Moore.

- Dè bha an neach-ealain a' feuchainn ri shealltainn anns an dealbhan?



- Smaoinich air na dathan a thagh Henry Moore airson an t-seata dhealbhan seo. Dè cho freagarrach 's a tha iad?
- Ciamar a chleachd e dath agus na meadhanan airson ìomhaighean a dhèanamh?

An dèidh dhaibh ìomhaighean a dhèanamh, iarr air gach sgoilear aon dealbh a thaghadh agus bruidhinn air na chì thu anns an dealbh, na meadhanan a chaidh a chleachdadh agus mu cho soirbheachail 's a bha an sgoilear air smuaintean agus faireachdainn a chur an cèill.

Measadh

CRUTHAICH

DÈAN

'S urrainn dhomh ìomhaigh a dhèanamh ann an stoidhle neach-ealain ainmeil.

CAN

'S urrainn dhomh bruidhinn mu mo smuaintean agus m' faireachdainn agus is urrainn dhomh beachdan a thoirt seachad air m' obair fhìn.

SGRÌOBH



HOTS – Sgilean Breithneachaidh

A' dèanamh anailis

A' cur gu feum

A' cruthachadh



A' luachadh

A' cuimhneachadh

A' tuigsinn



Na Ceithir Comasan

Soirbheachail:

'S urrainn dhomh ìomhaigh a dhèanamh den Bhlitz ann an stoidhle neach-ealain ainmeil.

Misneachail:

Cunntasach:

Èifeachdach:



Sgilean:

A' mothachadh do rudan gu mionaideach

A' cruthachadh ìomhaighean le raon farsaing de mheadhanan

A' taisbeanadh